

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean Deloitte, Dùn Èideann

Diardaoin 1/2/18, 1200-1530

Dreachd geàrr-chunntas

Choinnich Cathraiche na Comataidh, an Stiùiriche Ionmhais, an Cunntasair Stiùiridh agus an luchd-sgrùdaidh ron choinneamh gus Pàipear Planaidh an luchd-sgrùdaidh 2018/19 a dheasbad.

Chaidh an luchd-sgrùdaidh tron phàipear, a' mìneachadh an cuid aonta ris an sgrùdadh agus reachdas a bhios ùr nochdadh leithid General Data Protection Regulation (GDPR) (a chaidh e dheasbad ann an barrachd doimhneachd fo phuing 16) agus International Financial Reporting Standards 16 (IFRS 16). Chaidh aontachadh IFRS 16 a chuir an sàs airson cunntasan 2019 a rèir riathanas reachdail, agus bheir seo na gabhaltasan (leases) air fad air adhart chun Chunntas Cothromachaidh.

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*)
Donaidh MacAmhlaidh (air fòn) Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*) – *airson puingean 5 & 6*
Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Nicola Pearson (*Cunntasair Stiùiridh*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair: Conor Healey, Neach-sgrùdaidh Deloitte, airson puing GDPR a dheasbad

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Dùghall MacAmhlaigh.

2 Gnothach Dearbhte

Daibhidh Brew – ball de Bhòrd agus Cathraiche Comataidh Sgrùdaidh Alba Chruthachail.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 9/11/17

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Plana Leantainneach Gnothaich

Le deit crìochnachaidh de 30/3/18 air gnìomhan co-cheangailte ris an deuchainn a chaidh a chumail, chaidh aontachadh aithisg deireannach a chuir fa chomhair na Comataidh sa Chèitean (Gnìomh: NMG)

In-sgrùdadh riaghlaidh

- a) Chaidh innse gun deach bùth-obrach a chumail leis an luchd-obrach air fad
- b) Tha neach-lagh in-thaigh na buidhne na Cathraiche air buidheann riosg a chaidh a chuir air chois, ann an co-bhoinn ri Eforensics
- c) Bùth-obrach riosg a' Bhùird – i) chaidh aontachadh còmhraidhean air leth (one-to ones) a chumail le buill a' Bhùird a bha airson an tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn air prìomh phàipearan/poileasaidhean na buidhne agus ii) gun deigheadh am bùth-obrach fhèin a chumail s/t 19 no 26 Màrt 2018. (Gnìomh: MAMI)

In-sgrùdadh: na Meadhanan Sòisealta

Chaidh na leanas a chomharrachadh:

Ro 31/3/18 – ceangal a dhèanamh le co-obrachaidhean na meadhanan sòisealta a' BhBC le dùil poileasaidh na meadhanan sòisealta a staidheachadh a rèir fear a' BhBC

Ro 31/8/18 – Cuireadh gu Tagradh a sgaoileadh airson sgrùdadh de phoileasaidh meadhanan sòisealta agus modhan-obrach na buidhne

Air 8/11/18 – aithisg sgrùdaidh in-thaigh air beulaibh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Aonta na Co-bhanntachd

Chaidh a chomharrachadh gu bheil Programme Manager, Scotland 2018, aig a' BhBC, le taic bho Stiùiriche Ionmhais MG ALBA, a' dèanamh lèirmheas air modhan-obrach a' BhBC agus MG ALBA ann an roinnean obrach ruith/taic seanail, le amas barrachd airgid a lorg airson prògraman Gàidhlig tro bhith cho èifeachdach 's as urrain còmhla anns a h-uile roinn obrach. Thèid na molaidhean air beulaibh Bòrd na Co-bhanntachd air 7/2/18.

5 Aithisg HR

Bha aithisg le fiosrachadh ràitheil mu a) ghnòthaichean dhaonna agus b) bannan pàighidh 2018/19 air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

a) Gnothaichean Daonna

Thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air cuspairean, nam measg luchd-obrach, àireamhan tinneis, iomairtean leasachaidh, measaidhean 360, iomairtean trèanaidh, iomairtean taic, raointean obrach far a bheil uallach agus cuideam nas motha air cuid a luchd-obrach agus na tha am buidhne a' dèanamh gus sin a lughdachadh agus air Creideas nar Cosnaichean.

Chaidh ceist a thogail an robh am buidheann uidheamaichte airson a bhith a' làimhseachadh cùisean ro-innleachdail ri linn gainnead luchd-obrach. Chaidh innse gu robhas a' dèiligeadh ris a' cheist seo tro mheasaidhean luchd-obrach, le amas a bhith a' tiomnachadh uallaichean obrachaidh an Sgioba Àrd-stiùiridh, a' ceadachadh barrachd ùine iomchaidh a thoirt don Sgioba Àrd-stiùiridh a chur ri toraidhean ro-innleachdail na buidhne.

LearnGaelic – chaidh a chomharrachadh nach robh dreuchd Riochdaire LearnGaelic ga chunntais an lùib luchd-obrach MG ALBA ged is e MG ALBA a bha a' pàigheadh airson na dreuchd agus gu robhas am meadhan pròiseas a bhith a' soilleireachadh uallach maoinachaidh na dreuchd leis a' BhBC airson 2018/19. (Gnìomh: DC)

b) Bannan pàighidh 2018/19

Bha pàipear air beulaibh bhall le moladh bannan pàighidh atharrachadh a rèir moladh Riaghaltas na h-Alba agus chaidh deasbad a chumail.

Chaidh còmhradh a dhèanamh mu na molaidhean buidseit a chaidh ainmeachadh air 31/1/18 eadar am Pàrtaidh Nàiseanta agus am Partaidh Uaine, far an deach aontachadh gu faigheadh luchd-obrach an roinn phoblaich àrdachadh de 3% air a' char as lugha airson daoine a bha a' cosnadh suas gu £36,500 seach £30,000 mar a bha sa phàipear. Chaidh aontachadh, mura bhiodh buaidh susbainteach aig an seo air figearan, a dhol leis a' mholadh cumail a' dol a rèir moladh Riaghaltas na h-Alba airson bannan pàighidh airson 2018/19. Thig pàipear chun Bhùird air 22/2/18 le na figearan deireannach. (Gnìomh: NMG)

Bha pàipear air bheulabh bhall a' sireadh aonta air gnothaichean luchd-obrach sa Phlana Obrachaidh.

a) Ofcom

Leis gu bheil Ofcom am-bliadhna a' beachdachadh a bhith a' stad a' sgrùdadh a' Phlana Obrachaidh - ach a-mhàin leithid teirmichean is cumhaichean luchd-obrach, cuir an sàs luchd-sgrùdaidh agus cuir an sàs bhall - chaidh deasbad a chumail a thaobh dè an t-uallach a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith aig an seo air a' Chomataidh. Chaidh a chomharrachadh gur docha gum biodh e feumail nan cumadh am buidheann dàimhean ro-innleachdail le feadhainn (bho Ofcom is eile) aig an robh sàr-eòlais sa ghnìomhachas. (Gnìomh: DC)

b) Fastadh agus buidseat thuarastail na buidhne airson 2018/19

Chaidh a chomharrachadh gum robh obraichean fo dheasbad nach robh fhathast anns a' Phlana agus gun tigeadh soilleireachd nas fhaide air adhart nuair a bhiodh lèirmheas air co-obrachadh MG ALBA/BBC Scotland deiseil. (Gnìomh: DC)

Ri linn *recovery performance* làithreach chaidh aontachadh *budgeted recovery* co-cheangailte ri luchd-obrach/goireasan àrdachadh bho £150k gu £175k airson 2018/19. (Gnìomh: NMG)

Thèid am Plana Obrachaidh deireannach a chuir fa chomhair a' Bhùird sa Ghearran. (Gnìomh: DC)

7 Poileasaidhean

Bha pàipear air beulaibh bhall le tionndadh às ùr de chuid a phoileasaidhean na buidhne airson aonta agus chaidh deasbad a chumail.

Gnàth-riaghailtean – aontaichte.

Poileasaidh IT, Poileasaidh Innsearachd, Poileasaidh an aghaidh Brìbearachd agus Sgeama Tiomnachaidh agus Rianachd - le gealladh gun deidheadh na h-atharraichean sgioblachaidh a chaidh an deasbad a dhèanamh, chaidh na poileasaidhean seo am moladh chun bhùird airson aonta. (Gnìomh: NMG)

Poileasaidh Solarachaidh & Sgeama Thairgse, Còd Giùlain nam Ball agus Còd Coimeasaidh - bha buill riarachaidh gun deidheadh iad seo an làimhseachadh tro Phròiseas Sgrìobhte agus gun tèid an cuairteachadh ro mheadhan a' Mhàirt. (Gnìomh: NMG)

8 PACT

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a) an t-suidheachaidh mu chòraichean ann an co-theacsa gu bheil MG ALBA air a bhith a' sireadh aonta gus nach bithear a' pàigheadh na h-uiread de chosgaisean ath-chraolaidh (*repeat fees*) agus *royalties* air prògraman a chaidh an coimiseanadh agus b) na conaltraidhean a tha air a bhith a' gabhail àite le PACT.

Chaidh a chomharrachadh gur docha gum biodh e feumail nan deigheadh Teirmichean Malairt (Terms of Trade) na buidhne a chuir air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: IMT)

Chaidh aontachadh am puing seo a thoirt far clàr na Comataidh ach gun tèid fiosrachadh às ùr a chuir fa chomhair a' Chomataidh nuair a bhiodh e ri fhaighinn. (Gnìomh: MAMI)

9 Measadh Chunnartan

Aig coinneamh den Chomataidh air 9/2/17 chaidh aontachadh gun toireadh an Sgioba Àrd-stiùiridh, fa leth, iomradh air na cunnartan roinne aca. Bha clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus cuideachd pàipear le aithris bhon Stiùiriche Ionmhais air na cunnartan a tha fo ainm air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Bha buill riarachaidh gu robh na riosgan air an sgòradh a rèir mar a bha am Bòrd a' measadh nan riosgan.

Bidh clàr riosgan - a tha an-dràsta ga leasachadh leis a' bhuidheann a tha a' coimhead ri riosgan corporra na buidhne – air a chuirteachadh air buill an ùine ghoirid. (Gnìomh: NMG)

10 Dashboard air dèanadas

Bha dèanadas na buidhne airson C3 de 2017/18 air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gu robh rud beag soilleireachadh a dhìth air cuid de na puingeann mus tèid an dashboard air adhart chun Bhùird. (Gnìomh: DC)

11 Aithisgean air leth

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

12 Aithisgean Ràitheil – Q3 2017/18

Bha pasgan cunntasachd agus pasgain air-loidhne air beulaibh bhall. Ri linn nach robh pasgan BBC ALBA deiseil aig àm na coinneimh, bha cinn-naidheachd air beulaibh bhall. Bha buill riarachtaichte.

13 GISBE

Co-obrachadh le Alba Chruthachail/Screen Unit

Chaidh aontachadh gun deigheadh ath-thogail a dhèanamh air dàimhean-obrach le Alba Chruthachail nuair a bhiodh fios air cò a th' anns na prìomh dhreuchdan a tha an-dràsta bàn. (Gnìomh: DC)

GDPR

Thug an Neach-sgrùdadh iomradh air gnothaichean co-cheangailte ri GDPR a chaidh a chomharrachadh ann am Pàipear Planaidh an luchd-sgrùdadh. B' iad na prìomh phuingeann còmhradh:

Tha GDPR a' gabhail àite an Achd Dìon Dàta agus a' tighinn gu bith air 25/5/18.

Chan eil dleastanas air MG ALBA Oifigear Dìon Dàta a chuir an sàs cho fad 's a tha e soilleir gu bheileas air beachdachadh air a' chùis.

Chan eileas mar bhuidheann a' cumail na tha sin de dh'fhiosrachadh agus tha siostam an àite gus nach tachair briseadh (breach) ach ma thachras gu faighear air a làimhseachadh.

Tha Neach-gnìomhachais na buidhne a' dèanamh sgrùdadh air an dàta a tha am buidheann an-dràsta a' cumail, le taic bho cho-obraichean agus an luchd-lagh bhon taobh a-muigh.

Chaidh aontachadh gun deigheadh coinneamh a chumail eadar an Stiùiriche Ionmhais, Neach-gnìomhachais agus Neach-sgrùdadh gus clàr-ama agus gèilleadh a dheasbad. (Gnìomh: NMG)

Chaidh aontachadh aithisg a chuir fa chomhair na Comataidh sa Chèitean ach gum biodh e feumail nan tigeadh fios às ùr ro dheireadh a' Ghearrain air mar bha cùisean a' gluasad agus gus raointean duileaghadais sam bith a làimhseachadh. (Gnìomh: NMG)

Beachdachaidh an Stiùiriche Ionmhais air a bheil feum seo a chuir mar phuing air Clàr Riosgan na buidhne. (Gnìomh: NMG)

Chaidh aontachadh fiosrachadh a fhuair am buidheann bhon Neach-sgrùdaidh air buaidh atharrachadh GDPR airson na buidhne a cho-roinn air buill. (Gnìomh: NMG)

Deit na h-ath choinneimh – 17/5/18, Dùn Èideann

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: